Guidelines

NB: This is the Gaelic version of the Phonological Awareness Informal Assessment. The Gaelic picture book should be used alongside this assessment.

This assessment is intended as a screening tool. If you expect difficulties at any level, then there are a number of further assessments you can do to probe underlying ability and areas of difficulties.

In order to promote consistency, please stick to the script on the assessment.
Do not give any feedback about achievement to the child, instead use generic praise to keep the child motivated e.g. 'I can see you're working really hard' between sections. Be careful about giving non-verbal 'clues' to the child during the assessment items – looking, nodding etc.

If the child has not grasped the concept by the end of the trial items then consider adding in more trial items. During the trial items you can use gesture, signs and exaggeration to help the child understand. This is particularly important for children with ASN or EAL.

Some children may need the screen completed over more than one session due to the nature of the attention skills required and the rapidly changing concepts presented within the assessment.

If a child fails 2 sections in succession, then discontinue the assessment and score from here.

The assessment is designed to help you decide on which phonological awareness concept to target, and therefore there is a space to record this information at the bottom of the page.

All the tasks are done from adult production to minimise the impact for children with speech, language and communication needs or those with a restricted vocabulary.
Please note, this assessment is for phonological awareness, therefore the tasks involve manipulation of sounds and not letters/spelling. Make sure you remember to use the sound and not the letter name.

You will need:
5 bricks / cubes
4 counters
The accompanying picture book
A quiet space to work

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

Measadh Neo-fhoirmeil air Mothachadh mu Foneòlas
airson clann aois-sgoile

Ainm:		**Clas:**		**Deit:**	

1. ***Listening and attention*/Èisteachd agus aire**

Leanaidh iad stiùiridhean airson 10 mionaidean no nas fhaide
1 chomharra mas urrainn dhaibh ☐

2. ***Auditory discrimination*/Breithneachadh claistinneach**

"Èist ris na fuaimean seo…m….m…'s e an aon fhuaim a th' ann. Èist ris na fuaimean seo…s….f...tha iad diofraichte. Nis èist ris na fuaimean seo agus innis dhomh an e an aon fhuaim a th' ann no a bheil iad diofraichte. Mura h-eil cuimhne agad, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad."

p…p ☐ g…th ☐ bh…l ☐ s…s ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

3. ***Auditory memory*/Cuimhne chlaistinneach**

"Nis tha sinn dol a dh'obair air a bhith a' cuimhneachadh fhaclan. Feuch is cuimhnich na faclan seo…càr, bò, peansail *(fag beàrn eadar gach facal, agus an uair sin can iad a-rithist leis an sgoilear)* càr, bò, peansail."

"Feuch fhèin a-nis ri cuimhneachadh air na faclan. Èist gu faiceallach ris na faclan, agus feuch an cuimhnich thu orra air a' chiad turas. Cha chan mi na faclan ach aon turas a-mhàin."

ball, cat, bhan ☐ bòrd, peant, taigh ☐ ad, buntàta, cù ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

4. ***Word boundaries*/Sgaradh fhaclan**

"Seo cunntairean. Cuir cunntair sìos gach turas a tha thu a' cluinntinn facal. Feuchaidh sinn e còmhla an-dràsta." *(Bruidhinn gu slaodach agus gu soilleir, a' cur cunntair sìos airson gach facal, 's cuir na cunntairean air ais nuair a tha thu deiseil):*

Tha an càr geal Tha an cat na chadal Chluich iad teanas

"Feuch fhèin a-nis. Mura h-eil cuimhne agad air an t-seantans, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist e."

Chunnaic sinn trì piseagan ☐ Tha an leabhar ùr èibhinn ☐ Is toil leam cearc ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

5. *Rhyme awareness and detection*/ Ag aithneachadh comhardadh

“Seo dealbh de chat. Dè am facal aig a bheil fuaim coltach ri cat? Bat no banana? *(Thoir ùine dhaibh airson smaoineachadh)* Tha cat coltach ri bat. Tha an aon fhuaim aig an deireadh. Seall air an dealbh de rionnag. Dè am facal aig a bheil fuaim coltach ri rionnag? Isean no tunnag? *(Thoir ùine dhaibh airson smaoineachadh)* Tha rionnag coltach ri tunnag. Tha an aon fhuaim aig an deireadh. Feuch fhèin a-nis. Mura h-eil cuimhne agad air na faclan, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad.”

Dè am facal aig a bheil fuaim coltach ri òrd? cupa … bòrd ☐

Dè am facal aig a bheil fuaim coltach ri glas? sù … las ☐

Dè am facal aig a bheil fuaim coltach ri suas? cluas … ball ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

6. *Syllable blending*/Co-mheasgachadh lidean

“Tha mise dol a bhruidhinn mar ròbot. Saoil an urrainn dhut na faclan a chur air ais ri chèile. Nì sinn feadhainn còmhla. Gean…saidh *(stad)* geansaidh. Coim…piu…tair *(stad)* coimpiutair. Brios…gaid *(stad)* briosgaid. Feuch fhèin a-nis. Mura h-eil cuimhne agad air na faclan, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad”.

Pis…eag (piseag) ☐ rab…aid (rabaid) ☐ briog…ais (briogais) ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

7. ***Syllable detection*/Aithneachadh lidean**

“Nis, seo an cothrom agadsa a bhith a’ leughadh mar ròbot agus faclan a bhriseadh sìos ann an lidean. Nì sinn feadhainn còmhla. Flùraichean…flùr…aich…ean *(cuir cunntair sìos air cearcaill airson gach lide, chan fheum sibh an cunntadh aig an deireadh)* bròg an…bròg…an. Nis, feuch fhèin air. Mura h-eil cuimhne agad air na faclan, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad.”

Rocaid (roc…aid) ☐ dealan-dè (deal…an…dè) ☐ aran (ar…an) ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

8. *Rhyme production*/Obair comhardaidh

"'S e comhardadh a th' ann nuair a tha an aon fhuaim aig deireadh facail. Seo faclan leis an aon fhuaim aig an deireadh: dall, call, mall, ball, steall, sgall, rall, gall…. Nis, feuch fhèin air smaoineachadh air facal no dhà a tha a' comhardadh leis na faclan a chanas mi. Chan fheum iad fiù 's a bhith ciallach ach feumaidh an aon fhuaim a bhith aig an deireadh. Mura h-eil cuimhne agad air na faclan, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad."

dad, gad, stad…… ☐ ar, far, car…… ☐ ann, bann, rann… ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

9. *Onset – rime* /Ciad fhuaim – fuaim deireannach

'S urrainn dhomh fuaimean a chur ri chèile airson facal a dhèanamh. Èist; c…urran *(stad)* curran, d…earg *(stad)* dearg, gr…ian *(stad)* grian. Nis, feuch fhèin ris na fuaimean a chanas mi a chur ri chèile. Mura h-eil cuimhne agad air na fuaimean, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad.

br…òg (bròg) ☐ g…orm (gorm) ☐ d…ealbh (dealbh) ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

10. *Phoneme discrimination and alliteration*/Breithneachadh air fòineimean agus uaim

Nis tha sinn dol a' smaoineachadh mu na fuaimean aig toiseach facail. Nì sinn feadhainn còmhla. A bheil sad a' tòiseachadh le sss? *(cuir cuideam air na fuaimean)* Ceart, tha sssad a' tòiseachadh le sss. Èist, sssad. A bheil doras a' tòiseachadh le mmm? Chan eil, tha doras a' tòiseachadh le d. Èist, doras. Feuch fhèin a-nis. Mura h-eil cuimhne agad air na faclan, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad."

A bheil falt a' tòiseachadh le f? ☐ A bheil pòg a' tòiseachadh le m? ☐

A bheil seas a' tòiseachadh le t? ☐ A bheil càr a' tòiseachadh le c? ☐

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

11. *Phoneme blending*/Co-mheasgachadh fhòineimean

"'S urrainn dhomh fuaimean a chur ri chèile airson facal a dhèanamh. Èist; s..n..à..mh *(stad)* snàmh, c..ù *(stad)* cù, f…ua…r *(stad)* fuar. Nis, feuch fhèin ris na fuaimean a chanas mi a cho-mheasgachadh. Mura h-eil cuimhne agad air na fuaimean, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad."

c…a…t (cat) ☐ bh…a…n (bhan) ☐ c…l…u…a…s (cluas)* ☐

*phoneme blend must be presented as separate phonemes

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

12. *Phoneme segmentation*/Briseadh fhòineimean

"Nis, tha sinn dol a bhriseadh na faclan sìos nam fuaimean. Feuchaidh sinn iad còmhla. Seo fòn *(stad)* f…ò…n, seo lus *(stad)* l…u…s, seo clach *(stad)* c…l…a…ch. Nis, feuch fhèin ris an ath fhacal a bhriseadh sìos gu fuaimean. Mura h-eil cuimhne agad air na faclan, innis dhomh agus canaidh mi a-rithist iad."

bròg (b…r…ò…g)* ☐ làmh (l…à…mh) ☐ muc (m…u…c) ☐

*if child says br, then prompt to try again

1 chomharra ma tha iad uile ceart ☐

Targaid(ean) airson mothachadh mu foneòlas:

Comharran gu lèir (a-mach à 12) ☐